



Na Trì Gobhair Ghreannach



Air ath-innse le Tony Mitton • Dealbhan Jenny Williams



O chionn fhada bha trì gobhair
ghreannach a' fuireach ann am pàirc lom.

Bha an t-acras orra.

Bha pàirc le feur gorm air taobh thall
drochaid bhig ach bha troich mosach
a' fuireach fon drochaid.

Bha an gobhar beag gus tolladh leis an
acras agus bha e ag iarraidh agus ag
iarraidh a-null an siud.



“Tha mise ag iarraidh fear,”
thuirt an gobhar beag.



Clib! Clob! Ruith an gobhar
beag a-mach air an
drochaid.





Leum an troich suas.
“Is mise an troich mòr, mòr.
Ithidh mi thu.”



“Stad! Stad! Stad!”
thuir an gobhar beag.
“Ith an gobhar mòr ud.”



Clib! Clob! Ruith an gobhar
mòr a-mach air an drochaid.



Leum an troich suas.
“Is mise an troich mòr.
Ithidh mi thu.”



“Stad! Stad!” thuirt an gobhar.
“Ith an gobhar mòr, mòr.”



Clib! Clob! Ruith an gobhar
mòr, mòr a-mach air an
drochaid.



Leum an troich suas.
“Is mise an troich mòr, mòr.
Ithidh mi thu.”



“Chan ith thu,”
thuirt an gobhar mòr, mòr.
“Siud thu!” Splais!



“Sin e nis,” thuirt an
gobhar mòr.

12 “Ithibh! Ithibh! Ithibh!”